



## Ceistean

---

**Leugh duilleag 21 agus 22 a-rithist.**

- 1. Cò mu dheidhinn a tha Lee agus athair a' trod aig toiseach na sgeulachd?**

**Inns, nad fhacail fhèin, na beachdan eadar-dhealaichte a th' aig an dithis seo air a' chuspair.**

**Coimhead air duilleag 22.**

- 2. Carson a sguir teaghlach Lee a chluich Clach, Pàipear, Siosar còmhla ris?**

**Coimhead air duilleag 23.**

- 3. Carson a bha Lee den bheachd gur e prìosan a bh' anns an eilean?**

**Coimhead air duilleag 24**

- 4. Dè bu chòireach gun do chail Lee ùidh ann an Clach, Pàipear, Siosar?**

**Coimhead air duilleag 25.**

- 5. Carson nach biodh Lee a' bruidhinn nuair a choinnicheadh e ri daoine às ùr?**

**6. Dè thug air an sgoil fònadh gu pàrantan Lee?**

**Coimhead air duilleag 26.**

**7 (a) Dè tha sònraichte mun t-seantans, “Cha tuirt e càil.”?**

**(b) Carson a tha seo èifeachdach?**

**Coimhead air duilleag 27.**

**8. Carson a tha Lee a-nis a’ faireachdainn air chall nuair nach eil e a’ cluich Clach, Pàipear, Siosar?**

**9. Carson a tha Lee a’ creidsinn nach e dìreach crannchur a tha sa ghèam Clach, Pàipear, Siosar?**

**10. Dè mhothaich Lee mu na rudan a bhios athair agus a mhàthair a’ taghadh nuair a bhios iad a’ cluich Clach, Pàipear, Siosar?**

**Coimhead air duilleag 28.**

**11. Aig deireadh na sgeulachd, ciamar a tha e follaiseach gu bheil truas aig a mhàthair ri Lee, gu bheil barrachd tuigse aice air a-nis agus gu bheil barrachd spèis aice don ghèam Clach, Pàipear, Siosar?**